

Ged a thigeadh le feachd oirn ar namh,
 Aig a bhumiibh buaidh larach cha bhiodh,
 Bidh sud tharainn mar bhrataich an aird,
 'S ni e'n t-anam neosgathach san stri ;
 Ni e dian dhuinn o ionsuidhibh bais,
 Bheir e luths agus tabhachd da'r criodh ;
 'N am teantachd thig cobhair na thra,
 Dhuinn o Ughdar na slainte, 's na sith.

Ged a thigeadh a ionmhas an fhuachd,
 Duibhreadh, doininn, is cruaidh reodha geur,
 'S ged a dh' iadhadh na neoil oirn mu'n cuairt,
 Cleith an t-soluis gu truagh air an ceum ;
 Bheir sud caochladh gu grad air an gruaim,
 'S ni e'n sgapadh gu luath as a cheil,
 'S gheabh an t-anam ur-ghairdeachas buan,
 Ann an dealradh glan buadhar na Grein.

Ged a criochnacheas tiom, 's ged thig gairm,
 Air ar 'n anam a mach as a chre,
 'S ged a chaidleas an duslach so balbh,
 'N com na talmhainn fuidh chumhachd an eig ;
 Bheir sud misneach, is deoin dhuinn gu falbh,
 Cha bhi 'n sgaradh ud searbh dhuinn, no geur,
 Bheir sud sonas is gloir dhuinn nach searg,
 'N comunn solasach, dealrach nan neamh.

Saor o pheacannaibh gin, agus gniomh,
 Saor o eagal, o iarguinn, 's o bhron,
 Saor o acras, o thart, is o sgios,
 'S o gach trioblaid bha riabh oirn an toir ;
 'N uair a dh'fhasgas an t-anam a crial,
 Gheibh e lathareachd Dhia ann an Gloir,
 Ann an lanachd fior sholuis gun crioch,
 'S cha toir neoil e as fhianuis ni's mo.